

CDN	Lionraidh Leasachaidh Cholaistean
ES	Foghlam Alba
SG	Riaghaltas na h-Alba
SQA	Ùghdarras Theisteanas na h-Alba

# Plana Buileachaidh 15/16 CfE

Buidheann Chunntachail	Taic Nàiseanta Dealbhaichte	Ceann-là	Adhartas sùilichte aig ìre Ùghdarras Ionadail (EA), sgoile is colaiste
<b>Leantainneachd ann an ionnsachadh is ann am measadh coileanadh 3-18</b>			
<b>Leantainneachd ann an ionnsachadh</b>			
ES	Eisimpleirean adhartais ann an ionnsachadh airson gach roinn den churraicealam. Bidh seo a' gabhail a-steach tuilleadh comhairle mu mheasadh is eisimpleirean de dh'ìrean bhon ìre thràth gun cheathramh ìre.	16 Ògmhios	Tha luchd-obrach a' cleachdadh feartan cudromach ionnsachaidh gus adhartas chloinne is daoine òga a sgrùdadh is a lorg tro gach roinn de churraicealam Foghlam Farsaing Coitcheann (BGE).
ES	Stuthan foillsichte gus taic a thoirt dha bun-sgoiltean le bhith a' planadh airson leantainneachd; leasachadh curraicealam, fèin-mheasadh; is a' sgrùdadh is a' cumail sùil air adhartas	1 Ògmhios 2016	Tha dòighean èifeachdach suidhichte aig sgoiltean airson adhartas is coileanadh chloinne is daoine òga a chlàradh, a sgrùdadh is a lorg tro gach roinn curraicealam agus lèirrachd is àireamhachd. Tha dòighean-obrach cuideachd a' cur taic ri measadh adhartas chloinne is daoine òga ann an Slàinte is Sunnd thar ceithir feartan a' churraicealam a' gabhail a-steach measadh luchd-ionnsachaidh air an adhartas fhèin san roinn seo.
ES	Taic foillsichte airson bun-sgoiltean fìor bheag (sa bheil 25 no nas lugha)	1 Ògmhios 2016	
ES	A' dealbhachadh dòighean èifeachdach airson sgrùdadh is sùil a chumail air adhartas a rèir Foghlam Farsaing Coitcheann S1-S3 air fhollseachadh	1 Faoilleach 2016	
ES	Ag adhartachadh cleachdadh air National Assessment Resource (NAR) airson roinn nas fheàrr a dhèanamh air goireasan ionadail is nàiseanta (a' toirt eisimpleirean de dhòighean measaidh gus ionnsachadh is cleachdadh measaidh a leasachadh)	1 Ògmhios 2016	Tha na dòighean sin stèidhichte air òrduighean èifeachdach airson measadh a dhèanamh air adhartas chloinne is daoine òga, air an ìre aig a bheil iad agus air na h-ath cheumannan bu chòir dhaibh a ghabhail nan ionnsachadh.
ES	Taic a thoirt do dh'obair Buidheann Buileachaidh Nàiseanta Ionnsachadh airson Seasmhachd agus dhan Bhuidhinn Obrach gus libhrigeadh a rèir mholaidhean na h-Aithisg, Ionnsachadh airson Seasmhachd, a' gabhail a-steach còir air foghlam eadar-nàiseanta is saoranachd chruinneil	1 Màrt 2016	Dòighean air còmhraidh taice le clann is daoine òga a sgrùdadh is a lorg gus an leasaich iad mothachadh dhiubh fhèin mar luchd-ionnsachaidh a' gabhail a-steach an cuid obrach ann an cunntasan.
ES	Frèam sgilean didseatach agus eisimpleir mìnachaidh de dh'adhartas ann an sgilean didseatach air fhollseachadh	1 Ògmhios 2016	Tha còmhraidh eadar ceannardan sgoile/iar-cheannardan/prìomh thidsearan is cleachdaichean mu adhartas is coileanadh chloinne is daoine òga air a chleachdadh airson sglighean coileanaidh iomchaidh a shuidheachadh tro BGE.
ES	Frèam leantainneachd Saidheans Coimpiutaireachd BGE air fhollseachadh	1 Dùbhlachd 2015	
ES	Eisimpleir mìnachaidh de leantainneachd frèam Saidheans Coimpiutaireachd BGE air fhollseachadh	1 Màrt 2016	Tha luchd-obrach a' co-obrachadh gus co-thuigse roinnt mu inbhean a leasachadh. Tha iad gu mòr an sàs ann an gnìomhan taobh a-staigh stèidheachan, taobh a-staigh ùghdarrais is thar ùghdarrais an sgilean is am misneachd ann am measadh a leasachadh airson taic a chur rim breithneachadh ann am measadh adhartais is ionnsachaidh ann an coileanadh.
ES	Builean sùilichte ann an nuadh chànanan taobh a-staigh na sgrìobhainn, "Principles and Practice" air an sgrùdadh gus a bhith a rèir poileasaidh 1+2 foillsichte	1 Sultain 2015	
ES	Taic leantainneachd gus tidsearan bun-sgoile a chuideachadh le planadh airson leantainneachd is airson ìrean ann an Nuadh Cànanan a mheas mar phàirt de 1+2	1 Màrt 2016	Tha sgoiltean is an com-pàirtichean a' leasachadh an dòighean solarachaidh ann an airdheachd taice, gus am bi luchd-ionnsachaidh an sàs ann an dealbhachadh na h-ath ìre ann an ionnsachadh agus a' dèanamh roghainnean fiosraichte airson leantainneachd; tha seo a' leasachadh builean is coileanaidhean.
ES	Sgrùdaidhean-cùise, a' toirt cunntas air poileasaidh 1+2 ann an suidheachadh àrd-sgoiltean foillsichte	1 Ògmhios 2016	Tha sgoiltean is com-pàirtichean a' leasachadh cothroman pearsanta dhan chloinn is daoine òga uile. Tha sgoiltean a' lorg cothroman airson coileanaidhean pearsanta dhan chloinn is daoine òga uile mar a tha iomchaidh. Tha coileanaidhean pearsanta ag adhartachadh fàs luchd-ionnsachaidh mar shaoranaich agus a' leasachadh sgilean, feartan is comasan nan ceithir chuspairean.
ES	Sgrìobhainn fiosrachaidh CfE Albais foillsichte	1 Sultain 2015	
ES	Goireasan ionnsachaidh is teagaisg leasaichte is foillsichte gus taic a chur ri bhith a' teagaisg Albais	1 Màrt 2016	
ES	Obrach còmhla ri luchd-earrainne airson roinneadh is beachdachadh a dhèanamh air aithisg Foghlam Alba, "Advice on Gaelic Education".	1 Ògmhios 2016	
ES	Cuir taic ri buileachadh prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba airson Foghlam Gàidhlig mar a tha cunntas air a thoirt air ann an Programme for Government, a' gabhail a-steach Bile Foghlaim (Alba) 2015	1 Ògmhios 2016	
ES	Cuir taic ri buileachadh prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba airson nan Saidheanas, Teicneòlasan, Inleadaireachd is Matamataigs (STEM) mar a tha cunntas air a thoirt ann an Programme for Government	1 Ògmhios 2016	
ES	A' measadh is a' leasachadh a' churraicealam - ath-leasaich is ùraich eisimpleirean mu bhith a' dealbhachadh airson ionnsachadh tro BGE. Goireasan foillsichte dhan fheadhainn a tha a' libhrigeadh tràth ìre CfE, mar phàirt de stuthan BGE	1 Ògmhios 2016	
ES	Goireas ionnsachaidh proifeiseanta air fhollseachadh gus comas a thogail airson measadh, sgrùdadh is lorg fiosrachaidh a chleachdadh gu h-èifeachdach gus taic a thoirt dha adhartas ann an ionnsachadh sna bliadhnaichean tràth	1 Ògmhios 2016	
ES	Faigh cothrom air maoin Access to Education gus taic a thoirt dha iomairtean sgoiltean airson leasachadh a dhèanamh air na tha clann a tha a' fàs suas ann am bochdainn a' coileanadh	1 Ògmhios 2016	
ES	Cuairt 2 de mhaoin Access to Education le £1.5 millean ri fhaighinn gus cuideachadh a' lùghdachadh bacaidhean ionnsachaidh a tha clann bho dhachaighean easbhaidheach a' fiosrachadh	1 Samhain 2015	
ES	Tachartas ceannais CfE airson Cleachdadh Ùr-ghnàthach ann an sgoiltean is aonadan sònraichte a' dèalbhachadh is air a chumail	1 Dùbhlachd 2015	
ES	Comhairle is stiùireadh air airdheachd airson taic pearsanta taobh a-staigh CfE ann an àrd-sgoiltean air fhollseachadh	1 Dùbhlachd 2015	
ES	Co-labhairt is tachartasan a' toirt taic dha leasachaidhean CfE ann an sgoiltean is aonadan sònraichte air an dealbhachadh is air an cumail. Tuilleadh stuthan foillsichte an dèidh conaltradh ri cleachdaichean aig tachartasan (bidh na stuthan freagarrach airson feumalachdan sòisealta, faireachail, giùlain ann an sgoiltean is aonadan far a bheil feumalachdan iom-fhillte)	1 Dùbhlachd 2015	
ES	Foillsich ann an co-obrachadh le com-pàirtichean (Comhairtle Bhreatainn nam measg) stuthan taice gus sgoiltean is ionadan a chuideachadh airson gabhail ri dòigh-obrach co-cheangailte ri saoranachd chruinneil a tha a' toirt a-steach na sgoile is na coimhearsnachd gu h-iomlan	1 Sultain 2015	
<b>A' toirt taic dha leasachadh</b>			
ES	Nota comhairleachaidh sgrùdaidh air a h-ùrachadh is air a cur gu sgoiltean, stèidheachaidhean is seirbheisean buntainneach - a' sealltainn mar a thèid sùileachaidhean nàiseanta a mheas ann an sgrùdaidhean, airson cumail ri plana buileachaidh nàiseanta CfE 2015-2016. Bidh seo a' gabhail a-steach barrachd cuimseachaidh nàiseanta air leasachadh coileanaidh is air a bhith a' dùnadh na beàrn ann an lèirrachd agus ann am prìomhachasan airson leasachadh ann an comas cosnaidh is sgilean (DYW)	1 Ògmhios 2015	Tha luchd-obrach sgoiltean còmhla ri an com-pàirtichean a' sgrùdadh is a' measadh buaidh atharrachadh curraicealam a' cleachdadh raon fianais mu buaidh air builean luchd-ionnsachaidh. Tha iad a' cleachdadh fèin-mheasadh airson measadh is roinn a dhèanamh air deagh chleachdadh. Tha iad a' gabhail cothrom beachdachadh air buaidh leasachadh sgoile air àrdachadh coileanadh agus air an ìre sa bheil an curraicealam a' cur taic ris a' chloinn is daoine òga air fad airson coileanadh cho math 's as urrainn dhaibh is airson stèidh làidir a thoirt airson leantainneachd.
ES	Cuiridh sgrùdaidhean ann an suidheachaidhean tràth ionnsachaidh is cùram chloinne, sgoiltean is coimhearsnachdan ionnsachaidh ri ionnsachadh proifeiseanta is togail comas airson taic a thoirt dha buileachadh CfE; agus bheir e fianais seachad mu buileachadh CfE	1 Ògmhios 2016	
ES	Dèan cinnteach gu bheil stiùireadh, fiosrachadh is sgrùdaidhean Foghlam Alba a' comharrachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' conaltradh ri pàrantan	Leantainneach	Tha cothrom air a thoirt dha sgoiltean is com-pàirtichean an soirbheachadh ann an leasachadh a' churraicealam a rèir CfE is mar a tha seo a' toirt buaidh air àrdachadh dha na h-uile, a roinn. Thathas a' cleachdadh toraidhean obair làraich gus deagh chleachdadh a sgoileadh agus

Buidheann Chunntachail	Taic Nàiseanta Dealbhaichte	Ceann-là	Adhartas sùilichte aig ìre Ughdarras Ionadail (EA), sgoile is colaiste
ES	Tursan làraich gu àrd-sgoiltean gan gabhail os làimh gus daingneachadh buaidh curraicealaim air àrdachadh coileanaidh dha na h-uile is lùghdachadh neo-ionannachd ann am foghlam	1 Faoilleach 2016	airson taic a chur ri com-pàirteachasan leasachaidh sgoiltear.
ES	Tachartasan ceannais àrd-sgoile air an dealbhachadh is air an cumail	1 Màrt 2016	Bu chòir dha ughdarrasan ionadail is sgoiltean ath-sgrùdadh a dhèanamh air an dòigh sa bheil iad a' dèanamh fèin-mheasadh is dealbhachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad sin co-roinneil. Bu chòir dha planaichean leasachaidh a bhith a' cuimseachadh air àireamh phrìomhachasan a ghabhas dèanamh is a tha a' sealltainn gu soilleir builean nas fheàrr airson luchd-ionnsachaidh.
ES	Ath-sgrùdadh curraicealaim air ionnsachadh obair-làraich eadar-chuspaireach 3-18 air a ghabhail os làimh is aithisg air a leasachadh is air a foillseachadh	Ògmhios 16 is leantainneach	
ES	Fòraman curraicealaim. Ionnsachaidh, Measaidh is Taic (CLTAS) suidhichte gus cumail ri buntainneachd a' churraicealaim agus airson adhartas a dhèanamh ann an leantainneachd ionnsachaidh	1 Ògmhios 2016	
ES	Dreach ath-sgrùdaichte de How Good Is Our School (HGIOS) air a leasachadh is air fhoillseachadh	1 Sultain 2015	
ES	Sgrùdadh air com-pàirteachasan Community and Learning Development (CLD) airson taic a thoirt dha buileachadh CIE	1 Màrt 2016	
<b>Litearrachd is Àireamhachd (a' gabhail a-steach SSLN)</b>			
SG/ES	Stuthan airson Litearrachd is Àireamhachd air an leasachadh is air am foillseachadh gus taic a chur ri Read, Write, Count	1 Dùbhlachd 2015	Bu chòir dha gach ughdarras ionadail, sgoil is coimhearsnachd ionnsachaidh:
ES	Co-labhairt air Litearrachd Nàiseanta thar ionnsachadh air a dhealbhadh is air a chumail airson goireasan, dòighean-obrach is cleachdadh ùr-ghnàthach a thaisbeanadh	1 Sultain 2015	• beachd deimhinnte taiceil mu litearrachd is àireamhachd adhartachadh am measg phàrantan is luchd-cùraim chloinne bho P1 gu P3
ES	Goireas lìn air Litearrachd thar ionnsachadh air a leasachadh	1 Samhain 2015	• cleastanas nas motha dha pàrantan is luchd-cùraim a bhrosnachadh airson taic a thoirt dha clann airson leughadh, sgrìobhadh is cunntadh – a' leasachadh is a' togail air maoin phàrantan is choimhearsnachdan, a' toirt misneachd dhaibh gus pàirt nas motha a ghabhail
ES	Tuilleadh eisimpleirean mineachaidh air Litearrachd air an leasachadh is air am foillseachadh (gu sònraichte airson sealltainn Taobhan Cudromach de dh'Ionnsachadh airson nach eil fhathast eisimpleirean ann)	1 Màrt 2016	• daighn beachd mu co-oidhirp dha thidsearan, pàrantan, luchd-cùraim is cleachdaichean le bhith a' toirt taic dha leasachadh sgilean làidir ann an litearrachd is àireamhachd sna bliadhnaichean tràth bun-sgoile
SG	Thoir seachad stiùireadh is cuisean sgrùdaidh mu bhith a' leasachadh ro-innleachd dhan sgoil air fad airson coileanadh àrdachadh is airson a' bheòrn ann an Litearrachd a dhùnadh	1 Faoilleach 2016	• bithear a' sùileachadh gun taisbean gach sgoil ro-innleachd glè shoilleir airson coileanadh ann an litearrachd àrdachadh
ES	Goireasan ionnsachaidh proifeiseanta air an ùrachadh mar fhreagairt dha toraidhean SSLN (Litearrachd) 2015. Ùrachadh ceum air cheum air goireasan airson èisteachd is labhairt (beachdachadh buidhne), leughadh is sgrìobhadh	1 Giblean 2016	
ES	Pasgan ùr de ghoireasan ionnsachaidh proifeiseanta airson a chleachdadh le sgoiltean aig amannan in-sheirbheis. Bidh seo a' cuimseachadh air a bhith a' cuideachadh thidsearan gus tuigsinn nan inbhean dùbhlachd litearrachd a th' anns gach cuspair. Bidh goireasan a' gabhail a-steach sgrùdaidhean-cùise de dheagh chleachdadh agus eisimpleirean dealbhachaidh.	1 Ògmhios 2016	
ES	Sgrùdaidhean Foghlam Alba gu bhith a' cuimseachadh air àrdachadh coileanaidh ann an litearrachd.	Sult-15 is leantainneach	
ES	Cuairt 2 de mhaoin Access to Education le £1.5 millean ri fhaighinn gus cuideachadh le lùghdachadh bhacaidhean ionnsachaidh a tha clann bho dhachaighean easbhaidheach a' fiosrachadh.	1 Samhain 2015	
ES	Craolaidhean nàiseanta air àireamhachd is matamataigs (tro Glow) tron bhliadhna	Sult-15 is leantainneach	
ES	Goireas àireamhachd thar ionnsachadh air fhoillseachadh airson taic a thoirt dha buileachadh ann an stèidheachan	1 Sultain 2015	
ES	Prògram trèanaidh is taic air a libhrigeadh dha buaidhichean hub àireamhachd nàiseanta	30 Màrt 2016	
ES	Obraich le com-pàirtichean, prìomh luchd-earrainne is le roinn ionnsachaidh is leasachaidh na coimhearsnachd airson mothachadh a thogail is teaghlaiichean a chuideachadh ann an Read, Write, Count	1 Màrt 2016	
ES	Fòraman nàiseanta matamataigs dha Prìomh Thidsearan/Ceannardan Roinne air an dealbhachadh is air an cumail gus taic a thoirt dha ughdarrasan ionadail	1 Ògmhios 2016	
CDN	Sgrìobhainn a' comharrachadh chothroman airson leasachadh àireamhachd air fhoillseachadh mar phàirt de dh'ionnsachadh is teagasg thar nan còig prìomh roinnean eaconamach a chomharraich Rìaghaltais na h-Alba	Lùn-15 gu Ògmhios-16	Cleachdaidh colaistean an sgrìobhainn gus cothrom airson leasachadh àireamhachd a chomharrachadh ann an ionnsachadh is teagasg thar prìomh roinnean eaconamach. Thèid am fiosrachadh seo a roinn le oileanaich, pàrantan, is luchd-cùraim. Comharraichidh CDN goireasan air-loidhne a gheibhear bho Foghlam Alba /SQA dha colaistean airson ionnsachadh is teagasg.
SG	Toraidhean àireamhachd SSLN air am foillseachadh	1 Cèitean 2016	Bidh sgoiltean a' cleachdadh toraidhean SSLN is goireasan proifeiseanta ionnsachaidh airson àireamhachd is litearrachd airson builean a leasachadh dha luchd-ionnsachaidh sna roinnean sin.
<b>Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-Dhreuchdail (CLPL) foillsichte</b>			
ES	<b>Maoin Food and Health/Food for Thought</b> • Ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchdail air a dhealbhadh is air a libhrigeadh dha Oifigearan Stiùiridh Eaconamas Dachaigh • Maoin Ìre 3 de Food for Thought air a mheas, a sgoileadh agus pròiseactan air an coileanadh • Tachartas taisbeanaidh air a dhealbhadh is air a chumail aig Fèis Ionnsachaidh na h-Alba	1 Màrt 2016	The prìomh iomairean ionnsachaidh Phroifeiseanta Fad Dhreuchdail (CLPL) thar prìomh fheartan foghlaim a' dèanamh làn fhoillseachaidh air prionnsapalan CLPL.  Bidh ughdarrasan ionadail is coimhearsnachdan ionnsachaidh a' cumail orra a' co-obrachadh le, agus ag adhartachadh obair raon de chom-pàirtichean nàiseanta leithid Foghlam Alba, Colaiste na h-Alba airson Ceannas Oideachaidh (SCEL) agus Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba (GTCS); a' cumail suas ri leasachaidhean nàiseanta agus a' roinn fiosrachadh mar a tha sin iomchaidh taobh a-staigh suidheachaidhean ionadail.
ES	<b>Foghlam Corporra</b> • Ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchdail air a dhealbhadh is air a libhrigeadh dha Oifigearan Stiùiridh Eòlas Corporra agus co-cheangailte ri Better Movers and Thinkers agus Danns is Lùth-chleasachd • Ìre 4 de phrìomh mhaoin Eòlas Corporra air a mheas, air a sgoileadh agus pròiseactan air an coileanadh • Prògram in-ghabhail Eòlas Corporra air a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le Scottish Disability Sport	1 Màrt 2016	Bidh ughdarrasan ionadail is coimhearsnachdan ionnsachaidh a' dèanamh cinnteach gu bheil siostaman èifeachdach suidhichte airson Ath-sgrùdadh is Leasachadh Proifeiseanta agus Ùrachadh Proifeiseanta.
ES	Cuir taic ri leasachadh ro-innleachd, poileasaidh is cleachdadh airson dàimhean/giùlan deimhinneach is àrainneachdan ionnsachaidh àrdachadh mar a tha an stiùireadh nàiseanta a' sealltainn • coinneamhan ri oifigearan-ceangail ughdarrasan ionadail • a' cur ri leasachadh poileasaidh is ro-innleachd • cuir taic ri buileachadh na ro-innleachd tro libhrigeadh ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchdail airson comas a thogail	1 Ògmhios 2016	Bidh ughdarrasan ionadail is coimhearsnachdan ionnsachaidh a' brosnachadh is a' tabhann chothroman airson leasachadh luchd-obrach; a' togail comas air ceannas agus a' toirt cothrom dha luchd-obrach an sgilean is an comasan a leasachadh, a thuilleadh air an eòlas proifeiseanta is an tuigse.  Bidh ughdarrasan ionadail is coimhearsnachdan ionnsachaidh ag adhartachadh ionnsachadh aig ìre Masters agus a' brosnachadh feadhainn le miann a bhith nan Ceannardan Sgoile an teisteanas ùr, Into Headship, a ghabhail os làimh.
ES	Cuir taic ri rùn ughdarrasan ionadail, sgoiltean is stèidheachan gus feartan de Achd na Cloinne is Daoine Òga na h-Alba (2014) a bhuileachadh ann an dàimh ri còraichean is sunnd tro • ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchdail ann an còraichean chloinne a libhrigeadh • a' cur taic ri ughdarrasan ionadail airson buileachadh a dhèanamh air Getting it Right for Every Child (GIRFEC) tro gnìomh fèin-mheasaidh a' gabhail a-steach cròleagan sgoiltean anns gach ughdarras ionadail	1 Ògmhios 2016	Bidh ceannardan sgoile ag àrdachadh is a' brosnachadh suidheachadh is cultar de dh'ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchdail; a' toirt chothroman dha luchd-obrach a bhith a' stiùireadh agus a' co-obrachadh le co-obraichean is le càch. Tha ceistean is rannsachadh gan cleachdadh gu h-èifeachdach airson leasachaidhean àrdachadh.  Bu chòir dha ceannardan sgoile dèanamh cinnteach gu bheil siostaman airson Ath-sgrùdadh is Leasachadh Proifeiseanta is airson Ùrachadh Proifeiseanta air an suidheachadh, air an luachadh agus air an cleachdadh airson taic a thoirt dha luchd-obrach ann an dealbhachadh ionnsachadh proifeiseanta.
			Bidh an luchd-obrach uile ag àrdachadh is a' cleachdadh Inbhean Proifeiseanta Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba gus fèin-bheachdachadh lèirmheasach a dhèanamh air cleachdadh is airson dealbhachadh is measadh ionnsachadh proifeiseanta. Bidh na h-Inbhean

Buidheann Chunntachail	Taic Nàiseanta Dealbhaichte	Ceann-là	Adhartas sùilichte aig ìre Ughdarras Ionadail (EA), sgoile is colaiste
ES	Cuir taic ri gluasadan chloinne aois 0-5, fhad 's a tha iad a' gluasad a-steach agus tro BGE tro <ul style="list-style-type: none"> <li>• chothroman ionnsachaidh proifeiseanta</li> <li>• a' togail is a' dèanamh nan ceanglaichean eadar stiùireadh Ro-bhreith gu Tri, CFE agus Building the Ambition</li> </ul>	1 Ògmhios 2016	nam bunait airson conaltradh leantainneach eadar co-obraichean o cheann gu ceann den dreuchdan.  Bidh buaidh ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchdail air builean dha sgoilearan an-còmhnaidh a' cuimseachadh air dealbhachadh is conaltradh sgoile.  Bidh mothachadh aig stiùirichean sgoile mu ghoireasan nàiseanta a bheir taic dha ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchdail agus àrdaichidh is roinnidh iad sin le luchd-obrach. Bu chòir dha Model of Professional Learning, mar a tha e foillsichte air goireasan-lìn Comhairle Teagaisg Coitcheann na h-Alba is Foghlam Alba, fiosrachadh a chumail ri ionnsachadh proifeiseanta uile.  Bidh sgoiltean a' rèiteachadh Planaichean Leasachaidh Sgoiltean le planaichean thidsearan nuair a tha iad a' tabhann is a' toirt cothrom air ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchdail.
<b>Taic dha pàrantan is luchd-cùraim a tha dol an sàs</b>			
ES	Co-labhairt ro-innleachdail nàiseanta air a dhealbhadh is air a chumail mu dhleasan phàrantan ann a bhith a' toirt taic dha luchd-ionnsachaidh	1 Samhain 2015	Cùm ag obair le ùghdarrasan ionadail, sgoiltean, pàrantan is luchd-cùraim air leasachadh teisteanasan nàiseanta. Bidh fiosrachadh feumail is buntainneach aig pàrantan airson an cuideachadh a' tuigsinn teisteanasan is measaidhean nàiseanta.
ES	Taisbeanadh air dàta coileanaidh sgoilearan a tha a' fàgail na sgoile le barrachd leasachaidh air a dhèanamh air dha pàrantan is luchd-earrainne eile air Parentzone Scotland	1 Màrt 2016	Bu chòir dha gach sgoil, ùghdarras ionadail is coimhearsnachd ionnsachaidh dèanamh cinnteach:
ES	Obair Pathfinder air a ghabhail os làimh ann an com-pàirteachas le Fòram Nàiseanta pàrantan na h-Alba (NPFS) agus dà ùghdarras ionadail (airson obair phàrantan a' cur taic ri ionnsachadh a mheudachadh)	1 Ògmhios 2016	<ul style="list-style-type: none"> <li>• gu bheil cothrom aig pàrantan is luchd-cùraim air an fhiosrachadh a dh'fheumas iad co-cheangailte ri CFE (a' gabhail a-steach nan teisteanasan ùra)</li> <li>• Tha Comhairle Phàrant an sàs ann an dealbhachadh leasachadh sgoile, a' gabhail a-steach leasachadh curraicealaim.</li> </ul>
ES	Comhairle dha pàrantan air Parentzone Alba air ath-sgrùdadh is air a leasachadh barrachd (roinnean cuimseachaidh ri bhith a' gabhail a-steach Developing the Young Workforce (DYW), Senior Phase Pathways agus àrainneachd ionnsachaidh na dachaigh)	1 Ògmhios 2016	<ul style="list-style-type: none"> <li>• sgoiltean is tràth ionnsachadh is ionadan cùram-chloinne a' cumail a' leasachadh dòighean airson pàrantan is luchd-cùraim a chur an sàs ann a bhith a' toirt taic dhan chloinn is dha na daoine òga a tha fon cùram nan ionnsachadh</li> <li>• tha fiosrachadh ga thoirt dha na pàrantan is luchd-cùraim uile is tha iad air am brosnachadh gus a dhol an sàs ann an ionnsachadh chloinne is daoine òga. Tha na beachdan aca air an riochdachadh aig ìre sgoile, ionadail is nàiseanta.</li> </ul>
ES	"One-stop shop" air a leasachadh dha cleachdaichean co-cheangailte ri obair theaghaichean ann an ionnsachadh tro bhith a' toirt goireasan lìn Foghlam Alba is Riaghaltas na h-Alba còmhla san roinn seo	1 Ògmhios 2016	
ES	Gabh os làimh is roinn toraidhean a' phròiseict rannsachaidh gus lorg a-mach dleasan na treas roinne co-cheangailte ri bhith a' toirt taic dha obair theaghaichean ann an ionnsachadh ann an Alba	1 Ògmhios 2016	
ES	Molaidhean buntainneach co-cheangailte ri ath-sgrùdadh luchd-obrach tràth ionnsachaidh is cùram-chloinne air am buileachadh	1 Ògmhios 2016	Bu chòir dha sgoiltean pàrantan a chur an sàs ann an leasachadh dòighean clàraidh nas sìmplidhe is nas èifeachdaiche a tha a' cur cuideam air càileachd na h-obrach seach a bhith a' cleachdadh buinneal de dh'obair pàiper.
NPFS	Cùm a' cur taic ri buidhnean nàiseanta is sgoiltean gus mineachadh a dhèanamh air luachan ìrean Nàiseanta 1-4 agus air raon iomlan teisteanasan is dhuaisean dha pàrantan	1 Ògmhios 2016	
NPFS	Cùm a' sgrùdadh eòlas phàrantan air teisteanasan is measaidhean ùra	1 Ògmhios 2016	
NPFS	Cuir taic ri pàrantan le fiosrachadh a chuidicheas iad a' dol an sàs le sgoil an cloinne gus an tuig iad na nithean a tha a' gabhail àite	1 Ògmhios 2016	
<b>Slighean Àrd Ìre</b>			
ES	A' toirt eisimpleir is a' dealbhachadh slighean sùbhalte tro Foghlam Farsaing Coitcheann (BGE) a-steach gu Àrd Ìre is thairis air fhollseachadh	1 Faoilleach 2016	Tha ionnsachadh san àrd ìre a' togail dìreach bho BGE ann an dòigh ceangailte, neo-thàthach airson raon de shlighean coileanaidh a tha a' dèanamh cinnteach à pearsantachd is roghainn a thabhainn.
SG	A' chaid bhunait stèidhichte airson solar dreuchdail gnàthaichte Àrd Ìre	30 Sultain 2015	Tha sgoiltean ag obair le farsaingeachd chom-pàirtichean airson an raon de shlighean coileanaidh a leudachadh.
SG	Measadh air brosnachan is bacaidhean co-cheangailte ri libhrigeadh slighean dreuchdail Àrd Ìre crìochnaichte	31 Faoilleach 2016	Tha slighean a' churraicealaim dealbhaichte gus dèanamh cinnteach gum faigh na daoine òga uile teisteanasan taobh a-staigh àm a chaidh a dhealbhadh gu am feumalachd is an coileanadh roimhe, a' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd ùine ga chosg air ionnsachadh dùbhlachd aig ìrean nas àirde. Tha na slighean sin a' gabhail a-steach chothroman dha daoine òga cumail orra a leasachadh nan sgilean, feartan is comasan cudromach de na ceithir cuspairean.
SG	Eòlas bho gnìomhachd Uchd-mhacair Tràth Comhairle Maoineachaidh na h-Alba air a chleachdadh gus taic a chur is fiosrachadh a thoirt seachad mu leasachadh slighean dreuchdail Àrd Ìre	30 Ògmhios 2016	Tha cothrom air a thoirt dha sgoiltean an soirbheachadh ann an leasachadh a' churraicealaim a rèir CFE agus a' bhuidhe a' th' aig an gnìomhan air àrdachadh coileanaidh na h-uile, a roinn.
SG	Thoir eisimpleir is dealbhaich	Ògmhios -16 is leantainneach	Tha sgoiltean a' dol a mheudachadh an àireamh de dhaoine òga a tha a' coileanadh teisteanasan dreuchdail gnìomhachais aig ìre 5 SCQF no nas àirde.
ES	Cunntas soilleir a tha a' ceangal slighean Àrd Ìre ri Leasachadh Luchd-obrach Òg ann an 32 ùghdarras ionadail gus adhartas a roinn is a lorg	1 Dùbhlachd 2015	Tha com-pàirteachasan suidhichte aig ùghdarrasan ionadail is colaistean airson cothrom is taic a thoirt dha obair chom-pàirteachais is dha dealbhachadh slighean àrd ìre.
ES	Stiùireadh air fhollseachadh gus taic a chur ri leudachadh is tuilleadh leasachadh a dhèanamh air cothroman leantainneach a th' ann dha daoine òga a th' ann am prìosan, le slighean sùbailte ann an tabhartas ionnsachaidh àrd ìre	1 Dùbhlachd 2015	Tha com-pàirteachasan suidhichte aig ùghdarrasan ionadail is solaraichean trèanaidh gus cothrom is taic a thoirt dha obrachadh com-pàirteachaidh is dealbhachadh slighean àrd ìre.
ES	Sreath de thachartasan ann an Teisteanasan Nàiseanta Àrd Ìre Compuataireachd air an cumail ann an com-pàirteachas le SQA	31 Màrt 2016	Tha sgoiltean is colaistean a' leasachadh a' churraicealaim gus dèanamh cinnteach à co-cheangal is leantainneachd ionnsachaidh is measaidh airson adhartas is leantachd ionnsachaidh a thabhainn thar roinnean curraicealaim, chuspairean, ionnsachadh eadar-chuspaireach, coileanadh pearsanta agus beatha is feallsanachd na sgoile.
ES	Tog comas airson obair òigridh is com-pàirteachasan sgoiltean gus taic a chur ri slighean àrd ìre ann an dealbhachadh is a' toirt cunntas air curraicealaim tro thachartasan roinneil ann an ionnsachadh proifeiseanta is leasachadh is foillseachadh ghoireasan	1 Màrt 2016	Tha dòighean airson sgrùdadh is lorg adhartas is coileanadh dhaoine òga a' toirt fianais seachad mu ìrean coileanaidh is gluasadan thairis air ùine. Tha na dòighean freagarrach agus chan eil iad ro bhiorocratach.
CDN	Slighe Dhreuchdail is mapa-slighe air fhollseachadh airson dreuchdan ann an saothrachadh bidhe bho ìre 5 SCQF gu ìre 8 SCQF is thairis orra	Màrt -16	
CDN	Ann an com-pàirteachadh le College Liaison in Association with Scottish Schools (CLASS) agus Energy Skills Partnership (ESP), tachartas còmhnaidheach dà latha air a dhealbhadh is air a chumail le cudrom air Saidheans, Teicneòlasan, Inleadaireachd is Matamataigs (STEM) ann an curraicealaim na colaiste	Màrt -16	Bheir an tachartas, CLASS, cothrom dha colaistean beachdachadh air cuimseachadh ìomhaich air cuspairean STEM sa churraicealaim agus air tuigsinn ghnàthaichte mun mhargaidh obrach. Bheir taisbeanadh de thràth gnìomhachd uchd-mhacaichte cothrom dha colaistean beachdachadh air an raon roghainnean a tha ri fhaighinn agus air comasachadh airson slighean freagarrach àrd ìre.
CDN	An leabhran, Cothroman dha Daoine Òga sa Cholaiste air a leasachadh is air fhollseachadh (a' gabhail a-steach prìomh fhiosrachaidhean is figearan a rèir roinn na colaiste)	1 Dùbhlachd 2015	Gheibh colaistean is sgoiltean cothrom air an leabhran agus cleachdaidh iad na tha na bhroinn gus fiosrachadh a thoirt dha oileanaich, pàrantan is luchd-cùraim mu na slighean àrd ìre a tha comasach. Cleachdaidh oifigearan co-cheangail sgoiltean/cholaistean an leabhran aig feasgaran fiosrachaidh agus airson fiosrachadh a thoirt dha cleachdaichean-sgoile is pàrantan/luchd-cùraim.
CDN	Suas ri sia co-labhairtean lìn is ceithir bùithtean-obrach leth-latha air an libhrigeadh airson an roinn air ionnsachadh, teagasg is dòighean-measaidh ùrachadh.	Ògmhios-15 gu Ògmhios-16	Bidh cleachdaichean colaiste a' cleachdadh subsant webinar airson cleachdadh a leasachadh is airson ceangal a dhèanamh ri Inbhean Proifeiseanta dha òraidichean colaiste le bhith a' cuimseachadh air ionnsachadh is teagasg agus inbhean measaidh a chuideachadh.
CDN	Dà thachartas air an dealbhachadh is air an cumail mu theicneòlasan airson ionnsachadh ann an com-pàirteachas le Co-chomataidh nan Siostaman Fiosrachaidh (JISC)	1 Màrt 2016	Cleachdaidh luchd-obrach cholaistean tachartasan teicneòlasan airson ionnsachadh airson beachdan is cleachdadh a leasachadh ann an cleachdadh teicneòlas gus ionnsachadh àrdachadh - airson cruthachadh, taisbeanadh is conaltradh agus airson cleachdadh cruthachail teicneòlais fhollseachadh ann an ionnsachadh is teagasg.
CDN	Leasan a chaidh ionnsachadh bho artaigil gnìomhachd an tràth uchd-mhacair (DYW) ann am foillseachadh CDN – a' sgoileadh cleachdadh a tha a' nochdadh thar roinnean sgoile is colaiste air an comharrachadh aig tachartasan còmhraidh Foghlam Alba DYW	Giblean-16	Gheibh colaistean air an taisbeanadh a chleachdadh gus an cuideachadh a' tuigsinn cho adhartach 's a tha DYW. Bheir leabhran slighean dreuchdail cothrom dha colaistean tabhartas curraicealaim a leasachadh sna roinnean comharrachaidhean agus cothroman com-pàirteachas

Buidheann Chunntachail	Taic Naiseanta Dealbhaichte	Ceann-là	Adhartas sùilichte aig ìre Ughdarrais Ionadail (EA), sgoile is colaiste
CDN	A' leasachadh an leabhraim, Young Workforce Learner Journey a chaidh fhoilseachadh a' taisbeanadh slighean dreuchdail ann an ceithir roinnean curraicealaim	1 Ògmhios 2015	sgoile/colaistean a neartachadh. Tha fìor chothrom sa ghniomh airson co-chothroman CPD a thabhainn le cleachdaichean sgoile is colaiste.
<b>Comas cosnaidh is Sgilean (DYW) air a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le Leasachadh Sgilean Alba agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba</b>			
ES	Co-chomhairle le prìomh chom-pàirtichean libhrigidh is luchd-earrainne gus taic freagarrach dha prìomh luchd-obrach ann an sgoiltean a chomharrachadh airson prìomh libhrigidhean bho Ro-innleachd Cosnaidh Òigridh a dhèanamh comasach (Dùbh 14)	1 Ògmhios 2015	Tha prògram DYW ga fhoilseachadh ann am planaichean ro-innleachdail ùghdarrasan ionadail.
ES	Leasachadh is buileachadh den phasgan taice dha cleachdaichean nam bliadhnaichean tràth, tidsèaran bun-sgoile is àrd-sgoile gus prìomh libhrigidhean bho Ro-innleachd Cosnaidh Òigridh (Dùbh 14) a dhèanamh comasach	1 Màrt 2016	Tha ùghdarrasan ionadail, sgoiltean, colaistean is com-pàirtichean a' fìlleadh gnìomh Developing the Young Workforce ann am planaichean leasachaidh.
ES	Leasaich lìonraidh taice tro libhrigeadh sreath de thachartasan ionnsachaidh naiseanta	1 Màrt 2016	Tha com-pàirteachasan suidhichte aig ùghdarrasan ionadail is colaistean airson solar nan roghainnean àrd ìre a tha ri fhaighinn a leudachadh.
ES	Pasgan trèanaidh is taice air a leasachadh is air fhoilseachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil stiùireadh soilleir aig cleachdaichean mu mar a gheibh clann is daoine òga ro S3 gu fiosrachadh co-cheangailte ri bhith a' lorg, a' tairginn, a bhith a' faighinn is a' cumail obair	1 Ògmhios 2016	Àrdachadh ann an sgoiltean a tha a' tabhann Teisteanas Dreuchdail san Àrd Ìre.
ES	Stèidhich is roinn bunait de chothroman ionnsachaidh chleachdaichean anns gach ùghdarras ionadail	1 Dùbhlachd 2015	Tha comas is rùm gu leòr ann an sgoiltean is colaistean gus na roghainnean dreuchdail de shàr chàileachd a tha ri fhaighinn àrdachadh, a' togail air frèam airson Ceannas Oideachaidh, Inbhean Proifeiseanta is Prìomhachasan.
ES	Com-pàirteachan ionnsachaidh proifeiseanta sgoile/gniomhachais air a stèidheachadh is am plana air aontachadh	31 Dùbhlachd 2015	Farsaingeachd de roghainnean dreuchdail is obrach suidhichte dha clann is daoine òga aig a bheil feuman taic a bharrachd.
ES	Pasgan trèanaidh is taice air a leasachadh is air fhoilseachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil stiùireadh soilleir aig cleachdaichean mun fhiosrachadh a dh'fheumas a bhith aca co-cheangailte ri leantainneachd Sgilean Obrach bho 3-18	30 Ògmhios 2016	
ES	Toraidhean bho sgrùdadh My World of Work foillsichte is stiùireadh air a thoirt seachad air cleachdadh a' ghòireis 3-18	1 Dùbhlachd 2015	
ES	Prògram dearbhadh càileachd suidhichte airson seirbheisean dreuchdail	31 Dàmhair 2015	
ES	Inbhe aontaichte airson stiùireadh dreuchdail suidhichte - leasaichte ann an com-pàirteachas le Leasachadh Sgilean Alba agus ùghdarrasan ionadail (sgoiltean), colaistean lìonraidhean fastaichean/gnothachais	1 Faoilleach 2016	
ES	Inbhe aontaichte greis-obrach dha ùghdarrasan ionadail, sgoiltean, colaistean is fastaichean air a leasachadh is air fhoilseachadh	1 Ògmhios 2016	
SG	Cuir-a-steach prìomh luchd-earrainne mu teisteanas dreuchdail a bharrachd a bha ri cur ri DYW KPI 3, air a ghlacadh	1 Gearran 2016	
SG	Plana DYW Communications and Stakeholder Engagement (eileamaidean cuimsichte gach sgoile) air a chur a-steach dha plana CFE Communications and Stakeholder Engagement	1 Ògmhios 2015	
SG	Co-obrachadh leantainneach le roinn an Àrd Fhoghlaim gus dèanamh cinnteach gu bheil tuigse ann mu DYW ann an co-theacsa CFE	Ògmhios 2016 is leantainneach	
SG	Tha comas is rùm gu leòr ann an sgoiltean is colaistean airson raon nan roghainnean dreuchdail àrd-ìreil a tha ri fhaighinn a mheudachadh, a' togail air frèam Ceannas Oideachail, Inbhean Proifeiseanta is Prìomhachasan airson Ionnsachadh Proifeiseanta	30 Ògmhios 2016	
SG	Frèam airson ùghdarrasan ionadail/Com-pàirteachasan Fastaichean air fhoilseachadh	30 Sultain 2015	
CDN	Àrdachadh Duais Teisteanas Deisealachd Obrach (Ìre 4 SCQF) ann an cùrsaichean colaiste far a bheil tòrr de ghreisean gnìomhachais ga ghabhail os làimh	Ògmhios -15	Gheibh colaistean cothrom air taic is stuthan airson teisteanas duais deisealachd obrach. Adhartaichidh Oifigeir Leasachaidh Foghlam Slàinte CDN an teisteanas tro lìonraidhean chuspaireach is bheir e cothrom dha colaistean beachdachadh air buntainneachd na duais is cothroman a rannsachadh far a bheil eileamaid chudromach de ghreis-obrach mu thràth ann an roinnean dreuchdail.
CDN	Obraich ann an com-pàirteachas le luchd-earrainne buntainneach airson planaichean-gniomha airson leasachadh cothromachd gnè a leasachadh agus dèanamh cinnteach à taic iomchaidh dha buidhnean a tha an-dràsta a' fiosrachadh neo-ionannachd ann am foghlam dreuchdail. Planaichean cothromachd gnè foillsichte	30 Ògmhios 2016	Cleachdaidh colaistean planaichean gnìomh gnèitheil airson prìomh chùisean is fianais air adhartas a bhùileachadh. Thèid planaichean gnìomh gnèitheil a roinn thar roinne gus am beachdaich colaistean air an ath cheumannan.
CDN	Tachartas obrach fastaichean air a chumail dha roinn na colaiste - cothroman airson ceanglaichean nas dlùithe eadar curraicealaim cholaistean is fastaichean	1 Màrt 2016	Cleachdaidh colaistean am fiosrachadh seo airson leasachadh leantainneach ann an conaltradh fastaichean ann an dealbhachadh is libhrigeadh curraicealaim. Thèid fiosrachadh mu obair mhargaidheachd bho thachartasan leithid seo a chleachdadh le Comataidh Leasachaidh CDN gus cumadh a thoirt air riatanasan leasachaidh luchd-obrach cholaistean. Gheibh colaistean air tagraidhean Employer Engagement a chleachdadh airson Duaisean Bliadhnaidh CDN airson conaltradh fastaichean a neartachadh.
<b>A' cleachdadh dàta airson taic a chur ri leasachadh</b>			
SG	Tuilleadh leasachaidh air stuthan taice Insight (e.g. tuilleadh stiùireadh dha cleachdaichean, teamplaidean, sgrùdaidhean cùise,) gus cuideachadh sgoiltean le mineachadh dàta agus airson ùrlar a thabhann airson còmhraidh leasachaidh	luchar-15 is leantainneach	Bidh cothrom aig ùghdarrasan ionadail is sgoiltean air raon de stuthan taice air-loidhne agus cleachdaidh iad iad gus luach a chur ri feumalachd inneal Insight. Bidh stiùirichean ionadail ag àrdachadh mothachadh mun deidhinn is cuidichidh iad luchd-obrach aig nach eil eòlas air Insight a' fàs eòlach air a chomas airson tuigse a thogail airson beachdachadh proifeiseanta mu far a bheil sgoiltean soirbheachail is far an gabh leasachaidhean a dhèanamh. Bidh obair leantainneach a' dol le luchd-cleachdaidh mu a bhith a' leasachadh tuilleadh ghòireasan gus taic a chur ri feum eifeachdach an inneal leasachaidh. Bidh conaltradh ann le luchd-earrainne mu chleachdadh is leasachadh an inneil cuideachd a' rannsachadh mar a dh'fhaodadh e taic a chur ri clàr-gnothaich poileasaidh nas fharsainge co-cheangailte ri leasachadh Young Workforce agus a' dèiligeadh ri neo-ionannachdan.
SG	Ath-sgrùd, le luchd-earrainne dòigh-obrach sgrò cis Insight, airson gum bi fiosrachadh iomchaidh ann an dèidh làimh mu àrdachaidhean	luchar-15 is leantainneach	Bidh tuigse shoilleir aig luchd-cleachdadh inneal Insight mun dòigh-obrach a tha a' cur taic ri a thoraidhean mion-sgrùdail is cleachdaidh iad an tuigse seo airson mineachadh iomchaidh ionadail gus cuideachadh le giùllachdan leasachadh dealbhachaidh.
SG	Dàta samhraidh ùraichte Insight, gu bhith a' gabhail a-steach toraidhean Lùnastal 2015 (le deuchainn ùra Àrd Ìre), còmhla ri àrdachadh chleachdaichean is toraidhean sònraichte dha ùghdarrasan ionadail	1 Sultain 2015	Bidh ùghdarrasan ionadail is sgoiltean a' cleachdadh dàta ùraichte Insight airson comharrachadh a dhèanamh air na roinnean far a bheil sgoiltean air leth soirbheachail a thaobh sgoilearan san àrd ìre agus cuideachd far an gabh leasachaidhean a dhèanamh. Thèid an t-inneal a chleachdadh airson beachdachadh proifeiseanta aig ìre shònraichte, roinneil, chuspaireach is làn sgoile. Thèid a chleachdadh ann an giùllachd leasachadh dealbhachaidh.
SG	Ùrachadh air dàta Earraich, gu bhith a' gabhail a-steach dàta cinn-uidhe an fheadhainn a tha a' fàgail ann an 2015, agus atharrachaidhean sam bith a tha ag èirigh bho ath-sgrùdadh rianadh an dèidh toraidhean Lùnastal 2015 còmhla ri àrdachaidhean a bharrachd	1 Màrt 2016	
ES	Obraich còmhla ri buidheann naiseanta Insight gus òrduighean iomchaidh a bhùileachadh airson cleachdadh eifeachdach air dàta is fiosrachadh airson sgoiltean is aonadan sònraichte agus cleachdaidhean in-ghabhalach	1 Màrt 2016	
SG	Leasaich is foillsich frèam leasachaidh ùr naiseanta airson foghlam sgoiltean. Bidh seo a' còmhachadh an dàta uile a dh'fheumar aig ìre ionadail is naiseanta gus coileanadh sgoile a leasachadh	1 Ògmhios 2016	
CDN	Insight air a thaisbeanadh dha còig lìonraidhean cuspaireach ann an roinn colaiste. Webinar air a libhrigeadh le sgioba Insight Riaghaltas na h-Alba	1 Màrt 2016	Cleachdaidh colaistean an tabhartas gus beachdachadh air buntainneachd is freagarrachd cholaistean.

Buidheann Chunntachail	Taic Naiseanta Dealbhaichte	Ceann-là	Adhartas sùilichte aig ìre Ughdarras Ionadail (EA), sgoile is colaiste
<b>A' dèiligeadh ri biurocrasaidh</b>			
ES	Obraich le buidhnean phàrant gus tuigse a leasachadh agus foillsich siostaman clàraidh nas simplidh is nas èifeachdaiche	Leantainneach	Bu chòir dha sgoiltean is luchd-obrach: <ul style="list-style-type: none"> <li>dèanamh cinnteach gu bheil ùine ann airson conaltradh proifeiseanta is airson taic dha leasachadh misneachd luchd-obrach is earbsa proifeiseanta ann an tidsèaran.</li> <li>ath-sgrùdadh a dhèanamh air modhan dealbhachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad cunbhalach is a' cur taic ri conaltradh proifeiseanta.</li> <li>cus dealbhachaidh, stèidhichte air measadh, clàradh is cunntasan aig ìre Eòlais is Toraidhean sònraichte a sheachnadh.</li> </ul>
ES	Sgiobaidhean sgrùdaidh a' cumail orra a' toirt dùbhlain dha biurocrasaidh neo-riatanach is a' tabhann cuideachadh practaigeach dha sgoiltean is ùghdarrasan ionadail, a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdadh Dealbhachadh Leasachaidh Sgoiltean gu dèiligeadh ri biurocrasaidh	Leantainneach	Bu chòir gach ùghdarras ionadail is coimhearsnachd ionnsachaidh: <ul style="list-style-type: none"> <li>dùbhlain a chur mu choinneamh biurocrasaidh neo-riatanach ann an seirbheisean foghlaim is sgoiltean.</li> <li>ceummannan practaigeach a ghabhail airson sgilean ceannais sgoile, misneachd luchd-obrach ann an dealbhachadh airson ionnsachadh a leasachadh gus nach bithear a' cleachdadh cus obair pàipeir.</li> <li>dèanamh cinnteach gur ann air an fhiosrachadh as luachmhoire a bhios sgrùdadh is òrduighean cunntachalachd a' cuimseachadh airson an leasachadh as motha a dhèanamh.</li> <li>ath-sgrùdadh cunbhalach a dhèanamh air èifeachdachd siostaman dealbhachaidh is clàraidh ICT, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad freagarrach is nach eil iad a' toirt ùine air falbh bho teagasg gu neo-riatanach.</li> </ul>
ES	Cuir taic ri leasachadh tro chòmhradh proifeiseanta is àrdaich roinneadh is eisimpleirean de dheagh chleachdadh. Tha seo a' gabhail a-steach obrachadh le comainn thidsèaran agus ADES air sreath bhùithtean-obrach airson stiùireadh practaigeach is eisimpleirean a thoirt seachad gu biurocrasaidh a lùghdachadh	Leantainneach	
ES	Sgrùdaidhean-cùise foillsichte a' sealltainn dòighean dealbhachaidh, ionnsachaidh, teagais is measaidh taobh a-staigh Foghlam Farsaing Coitcheann is àrd ìre	1 Ògmhios 2016	Tha luchd-obrach a' dealbhachadh dòighean airson ionnsachadh, teagasg is measadh gus a bhith cinnteach à dòighean measaidh nas simplidh mar phàirt nas nàdarraiche den ionnsachadh. Bu chòir dha sgoiltean is ùghdarrasan ionadail am modhan obrach a shimpleachadh airson a bhith cinnteach gu bheil dealbhachadh aig ìre àrd is nach eil e a' toirt a-mach cus ùine. Gu sònraichte, cha bu chòir dealbhachadh a ghabhail os làimh aig ìre gach Eòlais is gach Toraidh.
<b>A' cur taic ri na Teisteanasan ùra Naiseanta</b>			
SQA	Pasgain 2014/2015 Understanding Standards, Measadh Aonad Unit Release 4 Naiseanta 1 gu Àrd Ìre - uile comharraichte Prìomhachasan Pasgan Understanding Standards airson gach cùrsa is ìre foillsichte air làrach-lìn thearainte SQA	1 Ògmhios 2015	Atharraichidh ionadan is ùghdarrasan ionadail goireasan naiseanta gus taic a chur ri òrduighean ionadail airson Naiseanta 1 gu Sàr Àrd Ìre a bhuileachadh.
SQA	Foillsich 2014/2015 Prior Verified Assessments (Naiseanta 1 - Àrd Ìre) uile air làrach-lìn thearainte SQA (airson an cleachdadh san t-seisean a leanas)	1 Ògmhios 2015	Is còir dha ionadan is ùghdarrasan ionadail: <ul style="list-style-type: none"> <li>a bhith cinnteach gu bheil an t-ionnsachadh is an teagasg de àrd inbhe airson nan teisteanasan ùra a libhrigeadh dhan luchd-ionnsachaidh uile;</li> <li>measadh làidir, iomchaidh, a rèir inbhean naiseanta, a ghabhail os làimh; agus</li> <li>a bhith misneachail gu bheil taisbeanadh dhan luchd-ionnsachaidh uile aig ìre fhreagarrach.</li> </ul>
SQA	A' toirt toraidhean dha tagraichean - a' gabhail a-steach teisteanas deuchainn Ùr Àrd Ìre agus an teisteanas mu dheireadh ann an ìrean Meadhan 1 & 2, san Àrd Ìre a th' ann an-dràsta agus an Sàr Àrd Ìre	1 Lùnastal 2015	
SQA	Notaichean Taic Aonaid airson aonadan ùra sgarichte Naiseanta 2 a th' air am foillseachadh air làrach-lìn SQA	1 Lùnastal 2015	
SQA	Taic Measaidh Aonaid airson Aonadan ùra sgarichte Naiseanta 2 a tha foillsichte air làrach-lìn SQA	1 Lùnastal 2015	
SQA	Notaichean Taic Aonaid airson deuchainn Ùr Naiseanta 2 ESOL (Beurla dha Luchd-labhairt Chànanan Eile) foillsichte air làrach-lìn SQA	1 Lùnastal 2015	
SQA	Aonadan Taice airson Measadh Aonadan airson deuchainn Ùr Naiseanta 2 ESOL (Beurla dha Luchd-labhairt Chànanan Eile) foillsichte air làrach-lìn SQA	1 Lùnastal 2015	
SQA	Tachartasan 2015/2016 Understanding Standards air an coileanadh - Measadh Aonaid (Naiseanta 1 gu Sàr Ìre)	28 Dàmhair 2015	
SQA	Stuthan airson tachartas 2015/2016 Understanding Standards - Measadh Aonaid Naiseanta 1 gu Sàr Ìre - Taisbeanaidhean is stuthan bho tachartasan Understanding Standards foillsichte air duilleagan cuspairean SQA	Samhain-15	
SQA	Pasgain 2015/2016 Understanding Standards Measadh Aonaid Release 5 Naiseanta 1 gu Àrd Ìre - uile comharraichte prìomhachasan pasgain Understanding Standards airson gach cùrsa is ìre foillsichte air làrach-lìn thearainte SQA	1 Samhain 2015	
SQA	Eisimpleir de Phàipear Ceiste, le Stiùireadh Comharrachaidh airson Teisteanasan ùra Sàr Ìre foillsichte air làrach-lìn SQA	1 Dùbhlachd 2015	
SQA	Tachartasan 2015/2016 Understanding Standards air an coileanadh - Measadh Cùrsa (Àrd Ìre)	31 Faoilleach 2016	
SQA	Pasgain 2015/2016 Understanding Standards (Measadh Aonaid Release 6 (Sàr Ìre) - uile comharraichte Pasgain prìomhachasan Understanding Standards airson gach cùrsa is ìre foillsichte air làrach-lìn thearainte SQA	1 Faoilleach 2016	
SQA	2015/2016 - Measadh Aonaid (Pàirtean Measaichte a-staigh is a-muigh) (Àrd Ìre) air Understanding Standards foillsichte air làrach-lìn thearainte SQA	29 Gearran 2016	
SQA	Stuthan tachartas 2015/2016 Understanding Standards - Measadh Cùrsa Àrd Ìre - Taisbeanaidhean is stuthan bhotachartasan Understanding Standards foillsichte air duilleagan nan tachartasan	27 Gearran 2016	
SQA	Measaidhean 2015/16 a chaidh an dearbhadh roimhe (Naiseanta 1 - Sàr Ìre) foillsichte air làrach-lìn thearainte SQA (airson an cleachdadh san t-seisean a leanas)	30 Ògmhios 2016	
SQA	Pasgain 2015/2016 Understanding Standards (Measadh Aonaid Release 7 Naiseanta 1 gu Sàr Àrd Ìre) - Pasgain prìomhachasan Understanding Standards airson gach cùrsa is ìre comharraichte is foillsichte air làrach-lìn thearainte SQA	30 Ògmhios 2016	
ES	Mapaichean slighe tro ionnsachadh, teagasg is measadh air an leasachadh is air am foillseachadh dha gach cùrsa ann an Sàr Àrd Ìre	1 Ògmhios 2015	
ES	Stuthan a tha foillsichte roimhe (gus taic a chur ri cuspairean bho Naiseanta 1 gu Sàr Àrd Ìreanas gach uile roinn curraicealaim) air an ath-sgrùdadh airson a bhith cinnteach à co-cheangal is leantainneachd	1 Dàmhair 2015	
ES	Cùm a' tabhann chothroman airson co-obrachadh thar-ùghdarras is co-leasachadh de ghoireasan clasa gus taic a thoirt dha buileachadh teisteanas naiseanta saidheans agus airson ionnsachadh is teagasg àrdachadh ann am Foghlam Farsaing Coitcheann (BGE)	1 Màrt 2016	
ES	Tuilleadh stuthan airson Naiseanta 1 gu Sàr Àrd Ìre air an leasachadh is air am foillseachadh (stèidhichte air toraidhean bho ath-sgrùdadh roinn a' churraicealaim)	1 Giblean 2016	
ES	Obraich ann an dlùth chom-pàirteachas le Scottish Schools Equipment Research Centre (SSERC) airson taic a chur ris a' Phrògram Co-chruinne Saidheans Bun-sgoile aca agus thoir taic leantainneach dha saidheansan NQ	1 Ògmhios 2016	
ES	Sreath de thachartasan air roinneadh chleachdaidhean dha cleachdaichean àrd-sgoile air an dealbhachadh is air an cumail gus taic a chur ri buileachadh nan teisteanasan ùra naiseanta is airson prìomh bhuilean Saidheans, Teicneòlasan, Innleadaireachd is Matamataigs (STEM) a libhrigeadh	30 Ògmhios 2016	

Buidheann Chunntachail	Taic Nàiseanta Dealbhaichte	Ceann-là	Adhartas sùilichte aig ìre Ughdarrais Ionadail (EA), sgoile is colaiste
CDN	Dòighean cruthachail airson measadh - dà bhùth-obrach practaigeach air a chumail dha tidsearan is òraidichean a tha a' libhrigeadh Nàiseanta 4 & 5 agus Teisteanasan Àrd Ìre	1 Dùbhlachd 2015	Bidh cothrom aig colaistean air raon de stuthan brosnachail airson leasachadh a dhèanamh air dòighean measaidh. Bheir an susbaint cothrom dha cleachdaichean cholaistean beachdachadh air an raon de dhòighean measaidh agus air mar a thèid fianais dhìdseatach a chruthachadh thar teisteanasan a' Churraicealaim airson Sàr Mhathais.
CDN	Ann an com-pàirteachas le lìonraidhean cuspairean Colaiste (curraicealam) roinn dòighean ionnsachaidh, teagaisg is measaidh ann an libhrigeadh teisteanasan CIE, a' gabhail a-steach Duaisean Leantainneachd Nàiseanta (NPAs) Teisteanasan Nàiseanta (NCs), Teisteanasan Nàiseanta Àrd Ìre (HNCs) agus Duaisean airson Coileanadh nas Fharsaing is Comas Cosnaidh. Thèid seo a libhrigeadh tro cheithir thachartasan nàiseanta	30 Ògmhios 2016	Tha ùrachadh gnàthaichte SQA is fiosrachadh buntainneach ri fhaighinn tro làrach-lìn CDN - gheibh colaistean cothrom air fiosrachadh is air ealantas comhairliche teisteanasan CDN airson dòighean measaidh a leasachadh. <ul style="list-style-type: none"> <li>• bheir bùithtean-obrach practaigeach cothrom air cleachdaiche CPD sgoile/colaiste is bheir e cothrom air conaltradh proifeiseanta a tha a' cuimseachadh air dòighean measaidh is roinn chleachdaidhean. Bheir tachartasan nàiseanta cothrom airson cleachdadh ann an ionnsachadh, teagasg is measadh a roinn.</li> <li>• Thèid tagraidhean airson duaisean bliadhnail CDN ann an ionnsachadh, teagasg is measadh a thaisbeanadh is a sgoileadh dhan roinn.</li> <li>• Faodaidh colaistean an cleachdadh a chaidh a thaisbeanadh sna duaisean bliadhnail a chleachdadh gus leasachadh a dhèanamh air beachdan is cleachdadh ann an dealbhachadh is libhrigeadh a' churraicealaim. Thèid solar àrd-ìnbhe SCQF airson turasachd ghniomhail a chleachdadh gus duais ghniomhail turasachd a libhrigeadh a leasachadh is a chomharrachadh ann an sgoiltean is colaistean airson comasachd bhuntainneach churraicealaim.</li> </ul>